

# Ròn Alastair



An teaca Robina Beckles Willson  
Na dealbhan Diana Catchpole  
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Bha Alastair ag iarraidh peata ròin.

“Tha mi ag iarraidh ròin,”  
thuirt e ri Mamaidh.

“Chan fhaigh thu peata ròin,” thuirt Mamaidh.

“Nis caidil.”



Chaidil Alastair.

Chunnaic e ròn na chadal.

“Nì thu peata math dhomh,” ars

Alastair.



“Trohad còmhla rium.  
Cuiridh mi dhan amar thu,”  
ars Alastair. “Còrdaidh sin riut.”




Chòrd an t-amar ri Ròn.



An uair sin dh'fheuch Ròn ri snàmh.

“Sguir!” ars Alastair.

“Tha thu ro mhòr airson an amair seo.”



“Trohad còmhla riumsa, a Ròin,” ars Alastair.  
“Thèid sinn dhan amar-snàimh.  
Còrdaidh sin riut.”



“Greas ort a Ròn,” ars Alastair.

“Coisich nas luaithe!”




Ach cha robh Ròn math air coiseachd.

“Cuidichidh mi thu,” ars Alastair.

“Cuiridh mi dhan phram thu.”



Bha na daoine uile a' gàireachdainn mun ròn.  
“Am faca sibh siud?” thuirt iad.  
“Ròn ann am pram!”



Nuair a ràinig iad an t-amar-snàimh  
leum Ròn dhan uisge.

Shnàmh e suas agus sìos anns an amar.

Ach chunnaic boireannach Ròn agus thuirt i,


“Tog an ròn sin às an amar agamsa!”



Shlaod Alastair Ròn às an amar  
agus chuir e dhan phram e.



Dh'fhalbh iad sìos an t-sràid.  
'S e là margaidh a bh' ann.



Dè bha aig a' mhargadh ach iasg?  
Chunnaic Ròn an t-iasg agus  
thuirt e, "Onc, onc, onc."

"An toir thu iasg dhan ròn agam?"  
dh'fhaighnich Alastair.

"Bheir," thuirt an duine aig an stàile.




Ach bha Ròn ag iarraidh an èisg uile.  
“Sguir! Sguir!” dh’èigh Alastair.  
“Chan fhaigh thu an t-iasg uile.”



Chuir Alastair Ròn dhan phram  
agus ruith e cho luath 's a b' urrainn dha.  
“Trohadh,” thuir Alastair.  
“Thèid sinn dhan phàirc.  
Faodaidh tu snàmh anns an lòn.”



Nuair a chunnic Ròn an lòn  
bha e ag iarraidh dhan uisge  
sa mhionaid.



Bha poll fliuch anns an lòn  
agus nuair a leum Ròn, steall am poll.

**SPLUIG!**

Steall am poll uile air Alastair.

“Sguir!” dh’èigh Alastair.



Sa mhionaid sin dhùisg Alastair.

“Chan eil mi ag iarraidh peata ròin a-nis,”  
thuirt e.

Thog e an dèideag ròin aige fhèin.

“Ach is toil leam thusa,” thuirt e.